

## Bile na Croitearachd agus Cùirt an Fhearainn

Tha a' Chomataidh Chùisean Dùthchail is Eileanan a' coimhead air Bile na Croitearachd agus Cùirt an Fhearainn agus tha iad airson do bheachdan a chluinntinn.

### Ceist

Dè th' ann am Bile na Croitearachd agus Cùirt an Fhearainn?

Tha am Bile ann an dà phàirt—

- Tha Pàirt 1 a' dèanamh grunn atharrachaidhean gus dèiligeadh ri duilgheadasan leis an reachdas croitearachd a th' ann mar-thà. Cha dèanadh am Bile ath-leasachadh bunaiteach air reachdas croitearachd; tha Riaghaltas na h-Alba ag ràdh gum feumadh seo deasbad sònraichte.
- Bhiodh Pàirt 2 a' co-aonadh Cùirt an Fhearainn, a bhios a' dèiligeadh ri cùisean eadar uachdarain agus luchd-gabhail fearann àiteachais, agus Tribiunal Fearainn na h-Alba, aig a bheil grunn dhleastanasan.

### Freagairt Bhòrd na Gàidhlig

Earrainn 1-7:

Ged a tha sinn a tuigsinn a feum air soilleireachadh a dhèanamh air dleastanasan laghail chroitearan tha barrachd co-theacs a dhith. Tha feum mhòr ann na coimhearsnachdan croitearachd a neartachadh, agus a sluagh a ghleidheadh agus a bhrosnachadh, le bhith a cuideachadh daoine ionadail taighean a thogail faisg air fearann croitearachd gus an ìre as motha de chroitean a thoirt air ais gu gnìomhachd. Tha dìth thaighean freagarrach ann an coimhearsnachdan croitearachd air aithneachadh mar trioblaid agus cnap-starra. Feumar ceumannan a ghabhail fhaighinn thairis air na cnapan-starra ionmhais is eaconamach a tha air daoine ionadail, gu sònraichte daoine òga ionadail, air glasadh a mach a dachaigh fhaighinn as an sgìre aca fhèin. Tha na coimhearsnachdan Gàidhlig traidiseanta cuideachd nan coimhearsnachdan croitearachd agus feumar ceumannan a ghabhail gus daoine aois-obrach a chumail, agus a thàladh air ais gu na coimhearsnachdan sin. Tha feum air cultar agus canan na Gàidhlig agus croitearachd ath-nuadhachadh còmhla ma tha na coimhearsnachdan gu bhith làidir. Tha Reachdas a bharrachd gun taic a thoirt do dhaoine ionadail, aois-obrach, cothroman pàirt a ghabhail gu gnìomhach ann an croitearachd cunnartach agus dh'fhaodadh a' leantainn gu nas lugha de ghnìomhachd croitearachd, an àite barrachd.